

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 7 | 2014 | AN T-IUCHAR

Facal Toisich

Anns a' Chlèir againne tha grunnan mhinistearan ann a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Bha latha ann, can trì fichead bliadhna air ais, nuair a bha Gàidhlig aig cuid mhath de na ministearan a bha ann an sgìrean Earra Ghàidheal. Bha seirbheisean Gàidhlig gam cumail ann an eaglaisean anns na h-eileanan agus air tìr-mòr cuideachd.

Tha e math gu bheil ùidh aig ministearan anns an latha againne ann a bhith a' togail na Gàidhlig. Ged nach biodh iad comasach air seirbheis air fad a chumail ann an cànan nan Gàidheal, tha iarrtas air pìosan Gàidhlig a bhith ann an seirbheisean eadar-dhealaichte. Nuair a tha càraid a' pòsadh bidh iad ag iarraidh gum biodh pàirt den adhradh ann an Gàidhlig, gu h-àraidh ma tha ceangal aca ris a' Ghàidhealtachd. Aig seirbheisean-tìodhlacaidh bidh an teaghlach toilichte Gàidhlig a bhith anns an t-seirbheis ma bha a' Ghàidhlig aig an neach airson a bheil seirbheis thaingealachd ga cumail.

Anns an naodhamh linn deug cha robh e idir 'na annas do mhinistearan a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Bhiodh sin a' tachairt nuair a bha iad deònach coitheanal a ghabhail air a' Ghàidhealtachd. Bha feadhainn ann a bha rud-eigin lapach anns a' Ghàidhlig. Ach bha ministearan eile ann a rinn deagh oidhirp air an cànan ionnsachadh agus mu dheireadh thall bha iad cho fileanta ann a bhith a' searmonachadh ann an Gàidhlig agus a bha iad ann am Beurla.

Tha còir againn ministearan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig a mhisneachadh. Le teicneòlas an latha an-diugh tha e nas fhasa don neach ionnsachaidh. Anns an naodhamh linn deug bha coimhearsnachdan ann a bha làn Gàidhlig ach chan eil sin cho bitheanta nar latha-ne. Bhiodh ministearan a' cur ùine seachad ann na sgìrean mar sin airson gum biodh iad air an cuartachadh le Gàidhlig.

Tha feum air searmonaichean Gàidhlig, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh, air tìr-mòr agus gu h-àraidh anns na h-eileanan.

Beannachd Dhè dhuibh uile.

Ruairidh MacLeòid.



'S e eaglais annasach a tha againn dhuibh an turas seo. Nuair a dhiùlt an t-uachdaran làrach a thoirt don Eaglais Shaoir ann an Sròn an t-Sithein airson eaglais a thogail air an fhearann aige-san, lorgadh dòigh innleachdach air eaglais fhaighinn. Chaidh eaglais iarainn a thogail air Cluaidh a bhiodh air acair ceud gu leth slat o thìr. Seo dealbh làimhe a' sealltainn mar a chaidh an eaglais iarainn a tharraing a-steach gu Loch Suaineirt.

Cùil nan Ceist

Tha am Bioball ag innse mun armachd a bhiodh an saighdear a' cleachdadh anns na linntean a dh'fhalbh. Am measg nam ball-airm bha an sgiath a bhiodh a' dìon an t-saighdeir. Tha an sgiath mar shamhladh air rudan spioradail. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Dè a tha air a shamhlachadh ri sgèith? (Ephesianaich, caibideil 6.)
2. Lìon a' bheàrn seo: "Is mise do sgiath agus do ——— ro-mhòr." (Genesis, caibideil 15.)
3. Cò is le sgiathan na talmhainn? (Salm 47)
4. Cò an gaisgeach aig an robh fear a' giùlan sgèithe ag imeachd roimhe? (1 Sàmuel, caibideil 17.)

Càirdean – 2

'S e càirdeas an cuspair air a bheil sinn a' coimhead anns an t-sreath seo, agus 's e cuspair a tha a' togail cinn tric anns a' Bhìoball a tha ann. Tha am facal Eabhraidheach a tha air a chleachdadh anns a' Bhìoball airson càirdeis a' ciallachadh *nàbaidh*. Aig teis-meadhan càirdeis agus nàbaidheachd tha dìlseachd agus tha sin againn ann an iomadach stòiridh anns an t-Seann Tiomnadh.

Tha sinn a' leughadh ann an leabhar Ecsoduis, *Agus labhair an Tighearna ri Maois aghaidh ri aghaidh mar a labhras duine ri caraid*. Abair dealbh brèagha.

Ann an leabhar nam Gnàthfhacal tha na facail seo, *Anns gach àm gràdhaichidh caraid*, agus tha seo fìor ann am beatha Dhaibhidh agus Ionatain a bha 'nan dlùth charaidean. Tha e air innse dhuinn gun do *cheangladh anam Ionatain ri anam Dhaibhidh agus ghràdhaich Ionatan Daibhidh mar 'anam fhèin*.

'S e prionnsa ann an Israel a bha ann an Ionatan, mac Shauil, an rìgh. Duine aig an robh cliù am measg sluagh Israeil. Air an làimh eile 's e cìobair a bha ann an Daibhidh, am mac a b'òige aig lese, ach a bha air ungadh le Sàmuel gu bhith 'na rìgh. Air a' cheann thall phòs Daibhidh, Mìchal, nighean an rìgh, agus bha esan cuideachd 'na phrionnsa ann an Israel.

Tro aon tachartas, b'e sin bàs Gholiath aig làmhnan Dhaibhidh, thòisich an càirdeas eadar an dithis. Mar a bu mhotha a dh'fhàs an càirdeas eadar iad, is ann bu mhotha a dh'fhàs naimhdeas Shauil an aghaidh Dhaibhidh agus bidh e a' cur iongnaidh orm gun do sheas an càirdeas eadar iad anns an t-suidheachadh sin.

Ann an leabhar nan Gnàthfhacal tha sinn a' leughadh, *Feumaidh fear aig am bi càirdean càirdeas a nochdadh; agus tha caraid ann a leanas nas dlùithe na bràthair*, agus tha mi a' creidsinn gur e sin an seòrsa gràidh a bha eadar Daibhidh agus Ionatan, agus tha e cuideachd a' bruidheann air gràdh Chrìosd dhuinne.

Thubhairt Tòmas Aquinas, *Bu chòir dhuinn a ghràdhachadh agus a chumail mar charaid, oir nuair a dh'fhàgas na h-uile sinn, chan fhàg Esan sinn agus cumaidh E sinn chun na crìche*.

Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn).

Seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh

Bha coitheanal gasda an làthair ann an eaglais nam Manach Liath airson seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh air an treas Sàbaid den Chèitean.

Air ceann an adhradh agus a' toirt seachad an t-searmoin bha an t-Oll. Urr. Ruairidh MacLeòid, Fear-deasachaidh nan *Duilleagan Gàidhlig*, a bha 'na mhinistear ann an Cumlodain, Taobh Loch Fìn agus Loch Geàrr ann an Earra Ghàidheal.

Mar a tha air tachairt bho chionn grunn bhliadhnan a-nis, bha Còisir Ghàidhlig Lodainn a' seinn aig toiseach agus aig deireadh na seirbheis. A' togail an fhuinn airson nan salm bha Iain MacLeòid. Chaidh an t-Urr. Uisdean Stiùbhart, ministear Bheàrnaraigh agus Uige ann an Leòdhas, air ceann na h-ùrnaigh, agus bha na Sgrìobtaran air an leughadh le Dòmhnall Iain Dòmhnallach, a bhios a' toirt deagh thaic do na seirbheisean Ghàidhlig ann an Dùn Eideann gach Sàbaid.

Seo na seinnean a bha aig seirbheis an Ard-sheanaidh – Salm 122:1-4 (air fonn *London New*), Salm 107:1-2 (air fonn *St. David*), Salm 89:15-16 (air fonn *Kilmarnock*) agus Salm 122: 7-9 (air fonn *Stornoway*).

Rinn am Fìor Urr. Iain Chalmers, Moderàtor an Ard-sheanadh, am Beannachadh ann an Gàidhlig, agus bu mhath a chaidh e ris.

An dèidh na seirbheis bha biadh agus conaltradh ann. Chuir ministear eaglais nam Manach Liath, an t-Urr. Ruiseart Friseal, fàilte air a' choitheanal agus labhair am Moderàtor cuideachd. Tha esan a' dèanamh fiughair ri bhith a' tadhal air na h-eileanan anns a' bhliadhna a bhios e 'na Mhoderàtor.

Leabhraichean

Thug bana-charaid aig a bheil ceangal ris an Eilean Sgitheanach cothrom dhomh an leabhar seo a leughadh agus chuir mi romham leth-bhreac fhaighinn dhomh fhèin.

Tha tarraing ann an ainmeannan àiteachan air a' Ghàidhealtachd. Tha mòran eachdraidh co-cheangailte ris na h-ainmeannan sin. Uaireannan tha iad gan toirt air ais gu dòigh-beatha agus gu cleachdaidhean air nach eil sgeul an-diugh.

Tha an leabhar air a roinn gu h-òrdail ann an cuibhreannan eadar-dhealaichte – eileanan, bailtean, aibhnichean, uamhan, tobraichean, sgeirean agus mar sin air adhart. Tha na h-ainmeannan air am mìneachadh ann am Beurla. Mar eisimpleir tha e air innse dhuinn gun d'fhuair Eilean na Muice an t-ainm sin a chionn gu bheil e coltach ri druim muice 'na chumadh.

Tha ainmeannan ann aig a bheil ceangal ris an eaglais. Ann

Gach Cùil is Cèal
Ainmeann Aite
Eilean Ratharsair, Eilean Rònaigh
Eilean Fhladaigh is Eilean Taighe
Earrann 1
Rebecca S. Nic Aoidh
(Air fhoillseachadh le Urras Dualchas Ratharsair)

an Rònaigh tha Taigh a' Cheisteir, a' dol air ais gu àm nuair a bha sluagh math air an eilean sin agus bha obair a' mhiseanaraidh cudthromach. Tha Ceum Mhìc Aonghais air ainmeachadh air an Urr. Ruairidh MacAonghais.

Bha còig duine fichead ann a thug seachad nan ainmeannan a gheibh sinn anns an leabhar seo. Nach math gun deachaidh an cruinneachadh fhad's a bha eileanaich ann aig an robh eòlas air dè an t-ainm a bha air gach rubha agus gach geodha. Am measg nan daoine a thug fiosrachadh don fheadhainn a rinn rannsachadh ann an 1876 bha an t-Urr. Aonghas Mac Ghille Bhrath, a bha 'na mhinistear aig an Eaglais Shaoir ann an Ratharsair.

Tha faclair beag ann an deireadh an leabhair a tha a' toirt dhuinn fhaclan ann an ainmeannan-àiteachan a fhuair sinn o na Lochlannaich.



Ann an dealbh seo chì sibh am Fìor Urr. Iain Chalmers, Moderàtor na bliadhna seo, agus an t-Oll. Urr. Ruairidh MacLeòid, a bha a' searmonachadh aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh. Chaidh an dealbh a thogail aig an tì an dèidh na seirbheis.

An t-Urr. Tòmas Mac na Ceàrdaich (1938-2014)

Bha muinntir na h-eaglais air feadh na h-Alba air an uamhasachadh nuair a sgaoil an naidheachd gun deachaidh an t-Urr. Tòmas Mac na Ceàrdaich a mharbhadh ann an tubaist rathaid agus e air chuairt ann an Dùn Eideann aig àm an Ard-sheanaidh.

Rugadh am ministear foghainteach seo a thug seirbheis dhìleas do dh'Eaglais na h-Alba fad iomadach bliadhna ann an Glaschu ann an 1938. Ann an 1955 thàinig e gu eòlas slàinteil air Crìosd nuair a bha an soisgeulaiche Amaireaganach, Billy Graham, ann an Alba. Chuala e guth Dhè ga ghairm gu obair na ministrealachd agus bha e ann an Oilthaigh Ghlaschu eadar 1957 agus 1960 agus eadar 1962 agus 1963 far an tug e a-mach MA.

Bha Tòmas 'na oileanach anns a' Cholaiste Nuaidh ann an Dùn Eideann o 1963 gu 1966 far an d'fhuair e LTh. (Bha na pàipearan-naidheachd a' cumail a-mach gun deachaidh oileanachadh ann an Colaisde na Trianaid ann an Glaschu, ach gu cinnteach b'ann an Dùn Eideann a rinn e cùrsa na diadhaireachd. Bha e fhèin agus Fear-deasachaidh nan *Duilleagan*

Gàidhlig anns an aon bhliadhna ann an colaisde Dhùn Eideann.)

Chaidh Tòmas a phòsadh ri coitheanal Eadar dha Chaolais ann an Cataibh ann an 1967. Ann an 1969 phòs e Pamela Chalcraft a bha 'na cùl-taig dha 'na mhinistrealachd air tìr-mòr agus anns na h-eileanan. Ann an Cataibh bha e 'na chomhairliche agus 'na shìth-bhrìtheamh.

Ann an 1967 ghabh Mgr. Mac na Ceàrdaich ri gairm o choitheanal a' Mhàrtainnich ann an Steòrnabhagh. A bharrachd air a bhith dìcheallach mar aoghaire bha e bliadhnachan mòra 'na chlàireach air Clèir Leòdhais. Ann an 2004 leig e dheth uallach coitheanail agus rinn e fhèin agus a bhean an dachaigh ann an Tairbeart na Hearadh. Cha robh ministear roimhe cho fada os cionn Eaglais a' Mhàrtainnich. Ged nach robh e a-nis 'na mhinistear-sgìre, cha robh e 'na thàmh. Chùm e roimhe le 'obair mar chlàireach na Clèir Leòdhais, agus bhiodh e a' cuideachadh far an robh coitheanalan bàn agus aig àm Comanachaidh.

Tha sinn taingeil do Dhia airson na rinn Tòmas Mac na Ceàrdaich ann an seirbheis a Mhaighistir. Tha ar co-fhaireachdainn aig a' mhnaoi agus a mhac, Ionatan. Bidh ionndrain air ann an iomadh àite.



Rinn an t-Urr. Tòmas Mac Na Ceàrdaich obair mhòr as leth iomadach buidheann anns a' choimhearsnachd. Bha e ceangailte ri Briogaid nam Balach ann an Steòrnabhagh. Ann an dealbh seo chì sibh e (air an làimh dheis) còmhla ris an t-Oll. Urr. Seumas MacMhathain, ministear Phort Rìgh, a bha 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh ann an 1975.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "A-chum nan uile a tha anns an Ròimh, air an gràdhachadh le Dia, air an gairm 'nan naoimh."

Tha na faclan sin ann an litir nan Ròmanach, a' cheud chaibideil, aig an t-seachdamh rann. (Ròmanaich 1:7) Seo an fheadhainn a fhuair an litir. Bha iad anns an Ròimh, baile mòr anns an robh iomadh buaireadh, iomadh duilgheadas don chreidmheach. Bha iad air an gràdhachadh le Dia. Cha chuireadh rud sam bith stad air gràdh Dhè. Bha iad air an gairm 'nan naoimh. Bha Dia ag iarraidh orra a bhith naomh 'nan dòigh-beatha. Tha am facal naomh a' ciallachadh eadar-dhealaichte, air leth. Bha Dia ag iarraidh orra a bhith air leth o dhaoine aig nach robh creideamh.

'S e rud prìseil a tha ann an cadal. Tha feum againn uile air cadal na h-oidhche. Tha e furasda do dh'iomadh duine cadal fhaighinn.

Bidh daoine 'nan cadal nuair a tha còir aca a bhith 'nan dùisg, mar a bha na deisciobail ann an gàrradh Ghetsemane. Ach tha rudan ann a chumas daoine o bhith a' cadal. Bidh dragh orra mu shuidheachadh air choireigin. Bidh iad duilich mu rud-eigin a rinn iad cearr. Chan fhaigh iad cadal a chionn gu bheil cuideigin as aithne dhaibh ann an ospadal no tinn anns an dachaigh. Bha an salmadair a' cur a dhòchais ann an Dia. Bha sin ga chuideachadh nuair a bha e a' fiachainn ri cadal fhaighinn.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Is fheàrr an rathad fada glan na an rathad goirid salach." (Better the long clean road than the short

dirty road.) An-diugh tha daoine cabhagach. Bidh iad ag iarraidh airgead a dhèanamh ann an cabhaig. Tha iad coma ged a phutas iad daoine eile as an rathad. Bidh dòighean aca nach eil onarach airson iad fhèin a chur air adhart. Ach gu tric feumaidh sinn a bhith foighidneach. Feumaidh sinn an rathad fada a leantainn. Sin an rathad a tha ceart agus onarach. Bidh againn ri feitheamh airson toradh fhaicinn.

Air an t-slighe gu seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh bha am Fear-deasachaidh air trèan eadar Glaschu agus Dùn Eideann.

Bho bha e air an trèan mu dheireadh chunnaic e atharrachadh mòr. A-nis tha ainmean Gàidhlig air a h-uile stèisean. Tha an sealladh 'na thlachd do na Gàidheil. Chunnaic e *Gleann Iucha*, a' Ghàidhlig air *Linlithgow*. Bha facal anns na seann linntean, *Tobraichean Ghleann Iucha*. Feumaidh gu robh uisge sònraichte ann na tobraichean sin. Anns na seann linntean bha daoine a' creidsinn gu robh tobraichean aig an robh cumhachd. Tha am Bioball ag innse mu *thobar nan uisgeachan beò*.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

RANN

*los' thug gaol dhomh, tha mi dearbht',
'M Bioball naomh ga chur 'nam thairgs';
Leanabanan tha dhàsan dlùth;
Thug E neart dhaibh is iad maoth.*

Seo mar a dh'eadar-theangaich an t-Urr. Ruairidh Dòmhnallach a' cheud cheathramh ann an laoidh na cloinne, *Jesus loves me*. Chaidh an laoidh shimplidh seo a thionndadh gu iomadh cànan. Nuair a bha am Fear-deasachaidh anns an Sgoil Shàbaid thadhail fear a bha 'na mhiseanaraidh a bha ann an Sìna oirnn agus theagaisg e dhuinn an laoidh seo ann an cainnt nan Sìneach.

TEACHDAIREACHD GHÀIDHLIG

Bho chionn ghoirid bha am Fear-deasachaidh air chuairt ann an Dùn Omhain. Tha togalach aig an Eaglais Shaoir ann am meadhan a' bhaile far am bi an Sgoil Shàbaid a' coinneachadh. Anns an uinneig a tha ris an t-sràid tha dà Bhiobhall chùbaid, fear Beurla agus fear Gàidhlig, fosgailte aig an treas caibideil ann an Soisgeul Eòin. Bha an earrann seo air a comharrachadh: *Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gun tug E aon-ghin Mhic fhèin, a-chum is ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gum bi a' bheatha shìorraidh aige.*

NIALL MACEACHARNA

Rinneadh luaidh air Niall MacEacharna a fhuair bàs aig aois cheithir fichead agus ceithir deug agus a bha dìcheallach ann an fòghlam, anns an eaglais agus ann an saoghal na Gàidhlig. Rugadh e ann an Ceann a' Bhàigh ann an Tiriodh. Thàinig e tron chogadh agus an dèidh a dhol don oilthaigh bha e a' teagasg ann an Ile, ann an Glaschu, ann an Tom an t-Sabhail, ann am Muile, anns na Crìochan, agus mu dheireadh ann an Inbhir Pheofharain. Bha e 'na chomhairliche agus 'na cheann-suidhe air a' Chomunn Ghàidhealach. Ann am Muile agus ann an Inbhir Pheofharain rinn e seirbheis don eaglais mar eildear agus mar chlàireach an t-seisein.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air a' cheud dhuilleig.
1. Creideamh. 2 —-dhuais. 3. Dia. 4. Goliath.

ADHBHAR GAIRE

Bha ministear a' tadhal air dachaigh anns a' choimhearsnachd. Bha mar-tha cuid mhath dhaoine anns an taigh. Nuair a chaidh e a-steach thubhairt balach beag gum biodh 'athair glè thoilichte fhaicinn. Dh'fhaighnich am ministear carson a bha e ag ràdh sin. Ars am fear beag, "Nuair a chunnaic e sibh a' tighinn a-steach air a' gheata, thubhairt e, 'Cha robh gun tighinn ach esan.'"

Urnaigh

A Dhè ar slàinte,
tha sinn a' toirt taing dhut
gun tàinig losa mar Shlànaighear.
Thàinig E gu bhith a' slànachadh
na beàrn eadar daoine agus Dia.
Thàinig E gu bhith a' slànachadh
nan lotan ann an cridheachan dhaoine
a dh'fhàg bròn agus bristeadh-dùil agus uallaichean.
Thàinig E gu bhith a' ceangal suas
luchd a' chridhe bhriste.
Taing dhut gu bheil E
a' dèanamh sin fhathast.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo sealladh de bhàgh Thobair Mhoire.
Air an t-samhradh bidh na mìltean de luchd-turais
a' tadhal air eilean Mhuile.
Bidh cuid mhath dhiùbh sin
air an t-slighe gu Eilean I
aig a bheil àite cho cudthromach
ann an eachdraidh spioradail na h-Alba.